

Gairm gu Ùrnaigh: Latha na Sàbaid 6mh dhen Ògmhios 2021

Ùrnaigh aig 7f

Tha sinn uile eòlach air ceist ainmeil na cloinne, “An do ràinig sinn fhathast?” Fiù 's agus sinn nar n-inbhich tha sinn gu math tric air ar sàrachadh leis an fhaireachdainn, mi-chinnteach mun cheist sin: an do ràinig sinn an t-àite far a bheil sinn a' dol? A bheil sinn fiù 's faisg air? Ma dh' fhaoidte gu bheil sinn a' call ar misneachd gu ìre, gun fhios againn cuin a bhios sinn a' ruigsinn ceann an t-slighe seo.

Bha an t-Abstol Pòl làn eòlach air siubhal, agus bha e eòlach air na dubhlannan a thig na lùib. Mar sin bha comhairle aige dhan fheadhainn a bha a' call am misneachd air an t-slighe, a' dearbhadh grunn ar creideimh, grunn ar siubhail, agus ag ràdh: “Mar sin, chan eil sinn a' call misneachd, ach ged a tha an duine a th' air an taobh a-muigh a' crìonadh, tha ar nàdar a th' air an taobh a-staigh ga ath-nuadhachadh latha 'n dèidh latha,” oir tha fhios againn “gun tog an t-Aon a thog suas an Tighearna Ìosa sinne suas cuideachd, le Ìosa, agus gun nochd e sinn na làthair-san leibhse.” Ma dh'fhaoidte nach eil sinn air ceann an t-slighe a ruigsinn, ach fhad 's a tha sinn a' com-pàirteachadh ann am beatha an Tighearna Ìosa, cha chall sinn ar misneachd. (2 Corintianaich 4: 13 - 5: 1)

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè bheò,
a thog suas an Tighearna Ìosa o na mairbh,
bi maille rinn air an t-slighe.
Bi maille rinn nuair a tha an slighe rèidh agus an latha soilleir.
Treòraich sinn do dh'àite do làthaireachd.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,
a thog suas an Tighearna Ìosa o na mairbh,
bi maille rinn air an t-slighe.
Bi maille rinn nuair a bhios an slighe doirbh
agus ar lèirsinn dorcha.
Treòraich sinn fhathast do dh'àite do làthaireachd.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,
a thog suas an Tighearna Ìosa o na mairbh,
bi maille rinn air an t-slighe.
Bi maille rinn anns gach càs,
na rudan a dh'fhiosraich sinn mar-thà agus na rudan nach fhaca sinn fhathast.
Anns gach càs, deònaich dhuinn neart do làthaireachd.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,
a thog suas an Tighearna Ìosa o na mairbh,
bi maille rinn air an t-slighe.

Bi maille riuthasan a tha a' call am misneachd, agus a tha fo iomagain.
Thoir dhuinn ath-nuadhachadh tro làthaireachd do Spioraid.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,
a thog suas an Tighearna Ìosa o na mairbh,
bi maille rinn air an t-slighe.
Bi maille rinn gus an gabh sinn pàirt
ann am beatha Tighearna na h-aiseirighe,
agus gum meal sinn beatha mhaireannach nad làthaireachd.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte

An Ceart Urramach Morair Uallas, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Oil. Daibhidh Miller, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Niall MacMhaoilein, Moderàtor, an Eaglais Shaor

An t-Urramach Pòl Whittle, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)

An t-Urramach Tòmas R. Wilson, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)